

STAING NA GÀIDHLIG ANNS A' CHOIMHEARSNACHD DHÙTHCHASAICH

Caibideil 9

A DH'IONNSAIGH MODAIL ÙR AIRSON ATH-BHEÒTHACHADH COIMHEARSNACHD NA GÀIDHLIG

Ann an a' chaibideil seo, tha sinn a' mìneachadh modail ùr airson ath-bheòthachadh coimhearsnachd na Gàidhlig. Ann an earrann 9.1, tha sinn a' gabhail beachd air an fheum a tha ann airson poileasaidhean Gàidhlig agus modhan-taic coimhearsnachd creideasach, agus a' toirt seachad bonn-stèidh dhaibh. Ann an earrann 9.2, tha sinn a' beachdachadh air planadh agus poileasaidh cànanain ann am frèam-obrach leasachaidh choimhearsnachd le luaidh air cuid den litreachas sgoilearail eadar-nàiseanta. Ann an earrann 9.3, tha sinn a' toirt seachad a' mholaidh againn airson Co-chomann Mion-chànain Co-obrachail ùr a thèid a chur an gnìomh mar Urras na Gàidhlig. Tha geàrr-chunntas den mhodail ùr ri fhaotainn ann an earrann 9.4 agus tha earrann 9.5 a' toirt seachad tuairisgeul aithghearr air na slighean obrach a tha an lùib a' mhodail. Tha earrann 9.6 a' dèanamh coimeas eadar dòighean-obrach a thaobh poileasaidh is planadh cànanain stèidhte air a' chomann-sòisealta agus air institiùidean. Tha earrannan 9.7 agus 9.8 a' toirt seachad mìneachadh mionaideach air na ceithir prìomh phrìomhachasan ro-innleachdail am broinn a' mhodail. Ann a bhith a' moladh modail ùr do phoileasaidh na Gàidhlig tha e cudromach a bhith mothachail air dè cho mòr 's a tha na dùbhlain a tha an lùib a bhith a' gabhail dòigh-obrach ùr os làimh. Airson dòigh-obrach nas dearbhaiche is nas buntainniche a chur an sàs, feumar cur an aghaidh buaidh cion-gnìomha agus bhliadhnaichean mòra de dh'iomairtean sgrios-cànain an aghaidh na Gàidhlig; strì riuthasan a tha a' toirt buannachd às an t-suidheachadh làthaireil, agus os cionn gach nì eile bho shealladh coimhearsnachd, bidh aig ath-bheòthachadh na Gàidhlig ri dèiligeadh ri firinn an t-suidheachaidh shòiseo-chànanaich far a bheil làmh an uachdair air a bhith aig a' Bheurla fad dà ghinealach a-nis.

9.1 Facal-toisich

Bonntaichte air an sgrùdadh againn, tha na diofar mhodalan anns a' phròiseact rannsachaidh seo a' toirt am follais na fianais agus nan adhbharan airson pròiseas de dh'ath-leasachadh poileasaidh (cf. Figear 9.1 gu h-iseal). 'S e mì-sheasmhachd an t-suidheachaidh làthaireil (bhon t-sealladh thùsanach) agus crìonadh leantainneach nan coimhearsnachdan dùthchasach Gàidhlig am prìomh adhbhar gus ro-innleachd ùr a mholadh. Ann a bhith a' dèiligeadh ri trioblaidean a tha a' toirt buaidh air buidhnean no air comainn-shòisealta, tha e aithnichte gu farsaing gu bheil ceithir ceumannan co-cheangailte an lùib a bhith a' cur atharrachadh susbainteach an gnìomh:

- (1) An trioblaid no an dùbhlain aithneachadh
- (2) Aontachadh còmhla gun tèid dèiligeadh ris an dùbhlain gu siostamach
- (3) Fuasglaidhean no modhan-taic so--dhèanta agus creideasach a shuidheachadh a-mach airson luchd-compàirt buntainneach (daoine fa leth, coimhearsnachdan agus buidhnean foirmeil)
- (4) Luchd-compàirt a bhrosnachadh gu pàirt a ghabhail ann a bhith a' cruthachadh ro-innleachd aontaichte a thèid an sàs gu cruthachail is gu ro-ghnìomhach ris an trioblaid.

Tha an dealbh anns an rannsachadh seo air cho cugallach 's a tha coimhearsnachd na Gàidhlig anns na h-Eileanan an Iar a' leigeil fhaicinn gu bheil feum air paradaidhm ùr a tha cuimsichte air fìor shuidheachadh sòisealta agus cànanach an t-sluaigh-labhairt a tha ann an-dràsta, seach dòigh-obrach ro chumhang a tha stèidhte air àrd-mhiannan institiùideach.

Bidh poileasaidhean leasachaidh chànain creideasach anns an àrainneachd dhùbhланаich seo a' crochadh sa chiad dol a-mach air a bhith a' lorg uidheamachdan co-obrachail ann an coimhearsnachd na Gàidhlig airson a dhol an sàs ris a' chor shòisealta aca. Bidh aontachadh air slighean leasachaidh ùra a dhìth mus bi e comasach toraidhean cànanain nas fheàrr a thoirt a-mach. Tha an t-slighe ùr a tha sinn a' moladh stèidhte air frèam-obrach a' Cho-chomann Mhion-chànain Cho-obrachail.

Leis cho dona 's a tha an staing a tha mu choinneimh coimhearsnachd Ghàidhlig nan eilean, 's e dùbhlain anabarrach mòr a th' ann a bhith a' dol an sàs gu dearbhach ris an t-suidheachadh seo do dhaoine fa leth, do choimhearsnachdan agus do bhuidhnean. Le bhith a' gabhail beachd air mar a bha an cultar ceannasach air chothrom an cultar ceannsaichte a dhèanamh dà-chànanach agus am pròiseas de ghluasad cànan anns a' mhion-shluagh a dhèanamh 'nàdarra' no 'neo-phoilitigeach', ma b' fhìor, tha na dùbhlain eitnea-phoilitigeach agus eagrachaidh gu math mòr. Tha na dùbhlain seo nas motha buileach, mar thoradh air cho mì-fhreagarrach 's a tha an solarachadh làthaireil, cho lag 's a tha an compàirteachadh catharra agus beachdan coma no dìreach beagan taiceil am measg a' mhòr-shluaigh a dh'ionnsaigh ròl na Gàidhlig ann an comann-shòisealta na h-Alba. Tha meud nan dùbhlain anns an t-suidheachadh làthaireil a' leigeil fhaicinn gu bheil trì prìomh roghainnean ann:

- (1) Gun a bhith a' dèanamh dad dearbhach do shluagh na Gàidhlig, no dòigh-smaoineachaidh laissez-faire a ghabhail os làimh agus feitheamh gus an tèid a' Ghàidhlig a-mach à bith gu sòisealta
- (2) Uidheamachdan Achd na Gàidhlig 2005 a chur gu feum airson toirt air Riaghaltas na h-Alba agus air Bòrd na Gàidhlig dèiligeadh ris an staing dhùthchasaich
- (3) Dèiligeadh ris an staing tro thoiseach-tòiseachaidh radaigeach ùr le bhith a' brosnachadh, a' cumail suas agus a' goireasachadh dòigh-obrach leasachaidh choimhearsnachd am measg na feadhainn a tha anns an àite as fheàrr gus a dhol an sàs ris a' cheist – na tha air fhàgail den t-sluagh dhùthchasach.

Tha diofar chnapan-starraidh agus dhuilgheadasan an lùib gach tè de na trì roghainnean seo, air an gabh sinn beachd tè mu seach an seo.

An lùib **Roghainn 1** — an dòigh-obrach laissez-faire — tha imcheist phoilitigeach agus poileasaidh poblach do bheatha phoilitigeach na h-Alba, gu h-àraid ann an co-theacsa sgaoileadh chumhachdan do Phàrlamaid na h-Alba. Às dèidh stèidheachadh na Pàrlamaid, chaidh a' Ghàidhlig a chur air adhart ann an Alba mar mhath poblach, agus chaidh feuchainn ri làthaireachd chatharra agus inbhe na Gàidhlig ann am beatha phoblach agus chultarach na h-Alba a neartachadh.

Bheir crìonadh sòisealta na Gàidhlig a tha an ìmpis tighinn gu buil air buidhnean poilitigeach agus poblach ann an Alba dèiligeadh ris an ìoranas a thaobh poileasaidh cànan gu bheil iad a' cur air adhart àrd-mhiannan poileasaidh do chànan aig a bheil glè bheag de bhuidhnean dùthchasach de luchd-labhairt agus làthaireachd choimhearsnachd gu math lag anns a' chomann-shòisealta. Ma thathar a' brosnachadh cànan aig nach eil coimhearsnachd stèidhte ann an àite fa leth, tha e coltach gun dèanar càineadh air poileasaidh poblach, 's e sin gu bheil buidhnean poblach a' brosnachadh beatha institiuideach cànan a dh'aindeoin mar a dh'fhairtlich orra an cànan a neartachadh anns a' chomann-shòisealta. Tha cànanan a thèid a bhrosnachadh gu h-institiuideach, gun cheangal ri co-theacsa sòiseo-chultarach, buailteach cultaran fuadain a chruthachadh.

Am measg nan duilgheadasan soilleir a tha an lùib na roghainn seo tha am masladh poilitigeach no a' chasaid a ghabhadh togail gu bheilear a' cur an ìre ann a bhith a' cosg ghoireasan poblach agus neart air tionndadh dàrnach de chultar, fhad 's a thathar a' leigeil seachad milleadh agus call prìomh àrainn a' chultair sin (faic caochladh ùghdaran mu dheidhinn cho cudromach 's a tha e àrainn shòisealta chànanan a tha fo bhrùthadh a dhìon: 'potential oases' aig Fishman (1991: 58), 'crannóga' [fàrdaichean daingnichte] aig Ó Sé (2000), 'tearmann teanga' [tearmann cànan] aig Ó Curnáin (2009), agus na dlùthsan sòisealta as àirde de luchd-labhairt Gàidhlig na h-Èireann anns na sgìrean Gaeltacht Caiteagoraidh A a dhìon mar a tha air a mhìneachadh le Ó Giollagáin et al. 2007a,b agus Ó Giollagáin is Charlton 2015).

Tha duilgheadasan nach beag cuideachd an lùib Roghainn 2 — uidheamachdan a tha ann an-dràsta a leudachadh gus dèiligeadh ris an staing. Nan deigheadh uidheamachdan poileasaidh poblach a tha ann an-dràsta a chur gu feum, dh'fheumte am prìomh uallach airson ath-neartachadh coimhearsnachd a' chànan a chur air Bòrd na Gàidhlig.

Bhiodh atharrachadh susbainteach ann an cultar corparra agus institiuideach a' Bhùird agus anns an raon-obrach aige a dhìth nan deigheadh iarraidh orra a dhol an sàs ri crionadh an t-sluaigh Ghàidhlig anns na h-eileanan. Bhiodh ath-chothromachadh nach bu bheag an lùib na roghainn seo ann an raon-obrach agus prìomhachasan a' Bhùird a ghluasad air falbh bhon chuideam làthaireil aige air solarachadh foirmeil, ann an raon an fhoghlaim airson a chuid as motha, ach cuideachd air falbh bhon oidhirp aige gus inbhe chatharra, an ìre mhath samhachail na Gàidhlig adhartachadh. Airson 's gum biodh Roghainn 2 èifeachdach, bhiodh aig a' Bhord ri dìcheall agus goireasan gu leòr a chur a-steach do bhith a' togail iomairtean a bhiodh buntainneach dhan chomann-shòisealta airson Gàidhlig a neartachadh ann an coimhearsnachdan.

Bhiodh **Roghainn 3** – an toiseach ùr – gu math doirbh is dùbhlach ann an iomadh dòigh: aig ìre an duine fa leth, aig ìre na coimhearsnachd, agus bho shealladh poiliteach agus eitnea-chànanach. Airson cur an aghaidh pròiseas sòisealta a' ghluasaid chànan, gun luaidh air a thionndadh mun cuairt, tha oidhirp cho-obrachail anabarrach mòr bho choimhearsnachd a' chànan a dhìth. Dh'fheumadh gum biodh an ìre seo de rùn anns a' choimhearsnachd a' faighinn taic bho dheagh-ghean tuigseach agus co-fhaireachail aig ìre phoiliteach agus institiuideach, le cuideachadh bho chomas ro-innleachdail bhuidhnean togail comais.

Ge-tà tha Gàidheil ann fhathast, agus sheall na co-chomhairleachaidhean poblach an lùib an rannsachaidh seo gu bheil miann am measg cuid dhiubh a dhol an sàs ri firinn an t-suidheachaidh aca ann an dòigh a tha a' tighinn ris an tuigse a tha aca air coimhearsnachd. 'S e buannachd shoilleir a tha ann an lùib a' mhodail a tha sinn a' moladh gu bheil e a' tabhann ghoireasan agus uallach airson dòigh-obrach ùr dhan fheadhainn a tha beò le firinn suidheachadh sòisealta na Gàidhlig agus a tha ag iarraidh Gàidhlig ath-bheòthachadh.

Feumar aideachadh gur e an treas roghainn gu h-àrd an tè as doirbhe a chur an gnìomh an dà chuid dhan choimhearsnachd agus do bhuidhnean poblach, ach 's i an roghainn as dòchasaiche den trì agus an roghainn as cothromaiche airson comas-gnìomha a chur ann an làmhnan nan Gàidheal. Airson an ceum a ruigsinn far a bheil an dòigh-obrach ùr ga faicinn mar roghainn iomchaidh agus so-dhèanta, feumar mar thoiseach-

tòiseachaidh co-dhùnadh a dhèanamh gu bheilear airson slighe ùr a lorg gus an dileab luachmhor chultarach seo ath-bheòthachadh airson nan ginealaichean ri tighinn.

9.2 Bun-bheachdan leasachadh choimhearsnachd airson planadh cànan choimhearsnachdan beaga

Mar a tha Cooper (1989: 183) ag ràdh: 'language planning cannot be understood apart from its social context or the history that produced the context'. Tha an co-cheangal eadar pròiseasan ath-bheòthachaidh chànan agus far a bheil cumhachd stèidhte cuideachd cudromach, agus mar a tha Bernard Spolsky (2004: 40) ag ràdh, 's e pròiseas iomlaid dà shlighe a tha anns an dàimh seo eadar poileasaidh cànan agus cumhachd. Cha bu chòir gum biodh leasachadh agus co-òrdanachadh poileasaidh gu tur cuingealaichte do dh'ùghdarrasan poblach a bhuilicheas ghoireasan agus a mholas stiùiridhean bhon bhàrr a-nuas dhan choimhearsnachd. An àite sin, bu chòir poileasaidh a tha buntainneach dhan chomann-shòisealta a bhith a' brosnachadh agus a' toirt buaidh air gnìomhan am measg an t-sluaigh an dà chuid aig an ìre ionadail bho bhuidhnean a tha freumhaichte anns a' choimhearsnachd mar-thà, agus iomairtean lionraichte eadar coimhearsnachdan mar uidheamachd gus eòlas agus fiosrachadh a chompairteachadh.

Bu chòir gum biodh an dòigh-obrach ath-leasaichte airson na Gàidhlig a' brosnachadh uallach deamocratach, a bharrachd air co-obrachadh am measg dhaoine a tha an sàs ann an diofar chruthan de lionraidhean sòisealta Gàidhlig. Bu chòir dhi beachd a ghabhail air taobhan cudromach de dh'àireamh de dhòighean-obrach eile a thaobh planadh cànan agus poileasaidh a tha ag amas air seasmhachd mion-chànain: am modail slighe-gu-buaidhean aig Grin (2003b); am modh-obrach ath-bheòthachaidh aig Jeroen Darquennes (2007); na modailean a thaobh neo-eisimeileachd chultarach agus iomlanachd institiuideach aig Bourhis is Landry (2008) agus Bourgeois is Bourgeois (2012), agus am modh-eadraigin a thaobh cànan dùthchasach ann an staing a mhol Ó Giollagáin agus Ó Curnáin (2016)

airson Gaeltacht na h-Èireann. 'S e a tha aig na diofar fhrèaman-obrach seo gu lèir ann an cumantas gu bheil iad a' cur cuideam air mar a tha na leanas a' crochadh air a chèile:

- a) Cor sòisealta an t-sluaigh-chànain anns na sgìrean far am bruidhnear e
- b) Follaiseachd cleachdadh a' chànain anns a' choimhearsnachd thargaid
- c) Togail comas cànan
- d) Buntainneas ro-innleachdail mhodhan-taic leasachaidh agus co-roinneadh ghoireasan dhan mhion-shluagh cànan
- e) A' bhuaidh aig dàimhean cumhachd ann a bhith a' socrachadh cò aig a bheil smachd air uidheamachdan leasachaidh chànain.

Ann a bhith a' moladh dòigh-obrach ùr airson na Gàidhlig anns na coimhearsnachdan dùthchasach mu dheireadh aice, tha sinn mothachail air an rabhadh a thug Kaplan agus Baldauf (1997) seachad nach bi poileasaidh is planadh cànan daonnan a' toirt seachad thoraidhean taobh a-staigh ghreisean goirid agus a-rèir chuirtean poiliteigeach far a bheil an dùil ri toraidhean luatha faicsinneach. Bidh poileasaidh cànan airson mhion-shluaghan cànanach ann an cunnart a' cosg mòran ùine, agus e feumach air gealltanasan ro-innleachdail leantainneach a thaobh ghreisean fad ùine fhada.

Tha Tonkin (2015) a' cur cuideam air cho cudromach 's a tha an sluagh ann am planadh cànan. A' tarraing air obair Cooper (1989) agus feadhainn eile (mar a tha air a mhìneachadh ann an Caibideil 8), tha Tonkin (2015: 194) a' cumail a-mach gun do ghluais beachdan air falbh bho bhith a' coimhead air planadh cànan mar rud a nì an stàit no institiudean: 'to seeing planning and policy as occurring at all levels, from the most formal to the most informal'. Tha e cuideachd a' toirt seachad rabhadh nach bi slighean agus toraidhean planaidh chànain ùine fhada a' tighinn ri àrd-mhiannan dhaoine fa leth agus institiudean a-mhàin: 'Change may come about through conscious desire, but that desire tends to be that of the collective, or a politicized part of that collective, rather than the deliberate efforts of individuals or even institutions'.

Ma thathar airson frithealadh air feumalachdan an t-sluaigh Ghàidhealaich a tha ann an cunnart, bidh e deatamach eileamaid shusbainteach de chumhachd, de smachd is de dh'uallach aiseag gu radaigeach air

falbh bho structaran institiudeach agus oifigeil aig ìre na stàite a dh'ionnsaigh iomairtean coimhearsnachd aig ìre ionadail am measg sluagh a' chànain.

Ma tha modhan-taic poileasaidh gu bhith èifeachdach, tha e soilleir gu bheil dàimhean innsgineach eadar an stàit agus buidhnean coimhearsnachd a dhìth, gu h-àraid a thaobh a bhith a' dealbhadh clàr-gnìomha gus a dhol an sàs ris an staing shòiseo-chànanaich mu choinneimh mion-shluagh cànan a tha a' crìonadh. Airson Gàidhlig ath-bheòthachadh air feadh nan Eilean Siar, feumaidh institiudean a tha stèidhte gu h-ionadail fo smachd dìreach coimhearsnachd an luchd-labhairt, còmhla ri buidhnean saor-thoileach, a bhith aig teismeadhan a bhith a' cur an gnìomh planadh is poileasaidh cànan, agus feumaidh ròl cudromach a bhith aca ann a bhith a' spreagadh agus a' cur an sàs ro-innleachdan ath-bheòthachaidh chànain sam bith ma tha iad seo gu bhith soirbheachail. Ma tha ciall phractaigeach aig ìre na coimhearsnachd gu bhith aig na Planaichean Cànan Nàiseanta Gàidhlig seachad air na dearbhaidhean catharra a tha nan lùib, tha e cudromach uallach airson amasan poileasaidh cànan agus smachd orra a bhith ann an làmhan coimhearsnachd na Gàidhlig.

9.2.1 Leasachadh comas coimhearsnachd sluagh na Gàidhlig

Airson a dhol an sàs gu h-èifeachdach ann an structaran coimhearsnachd tha e riatanach a bhith gu math eòlach air an t-suidheachadh ionadail. Tha Alison Gilchrist (2009) agus Margaret Ledwith (2016) a' gabhail beachd air mar a bhios leasachadh coimhearsnachd ag obair a thaobh lìonraidhean is a' sgrùdadh mar a bhios cumhachd a' toirt buaidh air leasachadh coimhearsnachd aig a h-uile ìre, bho phròiseactan am measg an t-sluaigh gu gluasadan airson atharrachaidh.

Tha modailean nas sine a thaobh a bhith a' dol an sàs ann an coimhearsnachdan rim faotainn ann an obair Jack Rothman (1974) agus Jerry D. Stockdale (1976).

Bha tipeòlas Rothman a' coimhead air trì uidheamachdan airson a dhol an sàs: leasachadh àite ionadail, gnìomh sòisealta agus planadh sòisealta. Chùm Stockdale a-mach gum bu chòir dhan mhodail planaidh shòisealta eadar-dhealachadh eadar diofar mhiannan airson diofar thaobhan de phlanadh nas meadhanaichte agus air feadh na coimhearsnachd a riochdachadh, a bharrachd air planadh coiteachaidh choimhearsnachd no stèidhte air ùidhean dhaoine.

Thog Rothman (2007: 12) nas fhaide air a' bhun-bheachd bhunasach a bha aige a thaobh a bhith a' dol an sàs ann an coimhearsnachdan airson trì diofar chruthan a mholadh mar a leanas:

- **Planadh agus Poleasaidh air an Spreagadh le Dàta** a tha a' crochadh air fìor shuidheachaidhean sòisealta mar a tha ri fhaicinn ann am fianais fhiosrachail, mar chiad cheum gus fuasglaidhean sònraichte air dùbhlain shòisealta a mholadh is a chur an gnìomh
- **Leasachadh Comas Coimhearsnachd** a tha stèidhte air an tuigse gun tèid an t-atharrachadh as fheàrr a choileanadh nuair a tha na daoine a tha fo bhuaidh thrioblaidean air an cumhachdachadh leis an eòlas agus na sgilean a tha a dhìth airson an suidheachadh aca a thuigsinn, agus iad an uair sin ag obair còmhla airson a' chùis a dhèanamh air na dùbhlain a tha rompa; tha an dòigh-obrach seo airson leasachadh coimhearsnachd a choileanadh a' cur luach sònraichte ann an co-aonta mar innleachd agus ann an dlùth-phàirteachas sòisealta mar mheadhan is mar thoradh
- Tha **Tagrachd Shòisealta** ag amas air cothromachd no ceartas sòisealta dhan choimhearsnachd thargaid a chur air adhart, agus a bhith a' cur ìmpidh shòiseo-phoilitigeach air na daoine no na h-institiuidean a dh'adhbhraich an trioblaid, no a tha a' bacadh cheumannan a tha ag amas air a leasachadh.

Tha an t-snàth a bhuineas do 'Leasachadh Comas Coimhearsnachd' anns an dòigh-smaoineachadh seo a thaobh a bhith a' dol an sàs gu h-èifeachdadh co-cheangailte ri taobh a' chomainn-shòisealta chatharra ann an obair Bourhis agus Landry (2008: 193): 'the degree of control a language community has within cultural and social institutions related to its language and cultural vitality'.

Leudaich Éamonn Ó Neachtain (2016) air an dòigh-smaoineachadh seo a thaobh a' bhun-structair eaconamaich is choimhearsnachd nas fharsainghe, is e a' gabhail beachd air a' chòmhstri a tha an lùib gun a bhith a' fighe ri chèile phoileasaidhean a bhuineas do leasachadh eaconamach roinneil agus do phlanadh cànan am broinnn Gaeltacht na h-Èireann, agus a' bhuidh a bha aig na poileasaidhean seo air coimhearsnachd-labhairt na Gàidhlig anns a' Ghaeltacht aithnichte oifigeil. Bha co-dhùnadh cudromach ann an rannsachadh dotarail Uí Neachtain (2016: 539) gum feumadh planadh sòiseo-eaconamach agus sòiseo-chànanach a bhith fìchte fuaighte ri chèile agus:

...that there is a fundamental and defensible need for a differentiated form of development model required to support Threatened Minority Language (TML)-communities in situ. For it to be more effective and resilient and to possess the capacity to introduce and sustain structural change, the postulates of such an institutional model of planning should be based on an explicit approach to development which commits to integrated, spatial development across all policy domains and socio-economic sectors within the TML-territory. An exclusive policy prioritising employment-led development, while critical in terms of objective development outcomes, is not sufficient to address the totality of the TML challenge.

Tha am moladh ùr againn a thaobh a' Cho-chomainn Mhion-chànain Cho-obrachail a' ceangal nan taobhan planaidh seo ri ìre 3 ann am Fìgear 8.1 (Caibideil 8) sa chiad dol a-mach. Tha am frèam-obrach ùr seo airson leasachadh na Gàidhlig air a chur an cèill aig ìre na coimhearsnachd agus a' chomainn-shòisealta.

9.2.2 Comas-seasaimh cànanach a neartachadh ann an coimhearsnachd na Gàidhlig

Ann an co-theacsa planadh is leasachadh cànan aig ìre ionadail, tha e feumail beachd a ghabhail air a' bhun-bheachd chudromach 'community resilience' (Norris et al. 2008).

'S e a tha an lùib comas-seasaimh coimhearsnachd ach comas coitcheann choimhearsnachdan iad fhèin a fhreagarrachadh gu dearbhach ri dùbhlain aig ìre a' chomainn-shòisealta. Ann an co-theacsa bagairt agus cunnart sòisealta, tha e riatanach gun tèid comas-seasaimh sòisealta a neartachadh mus gabh clàr-gnìomha so-dhèanta co-aonaichte de sheasmhachd shòiseo-eaconamach, àrainneachdail no chultarach a chur air dòigh. Faodaidh am frèam-obrach seo de bhun-bheachdan buill choimhearsnachd a chuideachadh gu measadh a dhèanamh ciamar as fheàrr as urrainn do na tha air fhàgail de choimhearsnachd na Gàidhlig na comasan aca fhèin a chur an sàs airson sluagh Gàidhlig sgairteil ath-bheòthachadh gu h-èifeachdach. Feumaidh gum bi àrdachadh ann an ìrean de chalpa sòisealta (Putnam 2000) taobh a-staigh coimhearsnachd dhùthchasach na Gàidhlig mar phàirt chudromach de phròiseas sam bith a thèid an sàs ris an t-suidheachadh.

9.3 Structar eagrachaidh ùr Urras na Gàidhlig

Ri ùine cuiridh frèam-obrach a' Cho-chomainn Mhion-chànain Cho-obrachail a tha air a mholadh an seo air chois dòigh-obrach aig ìre a' chomainn-shòisealta a thaobh leasachadh Gàidhlig anns na h-eileanan trom bi iomairtean sòiseo-eaconamach is cultarach ann an sgìrean ionadail, is iad air an cur air dòigh mar cho-obrachadh lionraichte, ag amas air àite na Gàidhlig ann an teaghlaichean agus gu sòisealta a chur am meud. Am broinn frèam-obrach a' Cho-chomainn Mhion-chànain Cho-obrachail, 's e Urras na Gàidhlig am prìomh structar ùr a tha air a mholadh.

'S e Urras na Gàidhlig an t-urras leasachaidh choimhearsnachd ùr a thathar a' moladh airson sluagh na Gàidhlig. Bidh a' bhuidheann choimhearsnachd seo stèidhte anns na h-eileanan agus fo smachd dìreach buidheann riochdachail de bhuill choimhearsnachd. Iarraidh frèam-obrach a' Cho-chomainn Mhion-chànain Cho-obrachail air Bòrd na Gàidhlig ath-smaoineachadh agus ath-mheasadh a dhèanamh air an ròl dhìreach a tha aca an-dràsta ann an leasachadh cuimsichte air a' Ghàidhlig anns na h-Eileanan an Iar agus uallaichean is goireasan a thoirt thairis dhan bhuidhinn ùir seo Urras na Gàidhlig a bhiodh cuimsichte air a' choimhearsnachd.

Tha sinn a' cleachdadh an tiotail-obrach Urras na Gàidhlig is sinn a' toirt luaidh air an structar eagrachaidh ùr seo a bhiodh a' gabhail ròl urras leasachaidh choimhearsnachd Gàidhlig os làimh.

Bidh prìomh fhòcas cruinn-eòlach Urras na Gàidhlig air na h-Eileanan an Iar ach thèid sgìrean eile, a leithid na Gàidhealtachd agus Earra-ghàidheal, a tha airson an clàr-gnìomha seo a ghabhail os làimh, a bhrosnachadh mar an ceudna gus pàirt a ghabhail anns an ath-bheòthachadh.

Cuiridh Urras na Gàidhlig uidheamachdan an sàs gus gnìomhachas sòisealta agus tionnsgainneach a mholadh, a dhealbhadh, a chur air dòigh agus a leasachadh ann an co-obrachadh dlùth ri agus faisg air coimhearsnachdan ionadail. 'S e modail leasachaidh chànain an Urrais a tha sinn a' moladh is e stèidhte air co-chomann mion-chànain co-obrachail a bhios a' toirt seachad taic choitcheann agus bhuanachdan practaigeach do na buill aige. Ann a bhith a' cur cheumannan leasachaidh choimhearsnachd còmhla ri ùidhean poileasaidh Gàidhlig, bidh an t-Urras a' toirt co-dhùnaidhean agus a' cur an sàs iomairtean cho dlùth 's a ghabhas gu h-eagrachail ris a' choimhearsnachd thargaid.

Anns a' cho-theacsa chatharra as fharsainghe, bidh obair chomhairleachaidh agus ro-innleachdail aig Bòrd na Gàidhlig a thaobh:

- a) Ro-innleachd an Urrais a cho-òrdanachadh ri poileasaidh nàiseanta Gàidhlig
- b) Comhairle agus eòlas a thoirt seachad dhan Urras
- c) An t-Urras a cheangal ri iomairtean agus pròiseactan co-phàirteach far an gabhadh co-obrachadh eadar lionraidhean Gàidhlig ann an teaghlaichean, coimhearsnachdan is institiuidean a chur am feabhas ann an co-theacsa nan eilean, stàit na h-Alba agus Bhreatainn, agus sliochd nan Gàidheal air an sgapadh taobh a-muigh nan coimhearsnachdan traidiseanta
- d) Cothroman foghlaim gus Gàidhlig a thogail a chur air adhart.

9.4 Geàrr-shealladh air a' mhodail eagrachaidh ùr

Mar a chaidh aithris gu h-àrd, tha am modail leasachaidh chànain seo stèidhichte air Co-chomann Mion-chànain Co-obrachail, le Urras na Gàidhlig mar a' phrìomh uidheamachd obrach aige. 'S iad prìomh amasan a' mhodail:

- a) Comas ro-innleachdail goireasaichte a chur air dòigh airson coimhearsnachd na Gàidhlig gus leigeil leotha an suidheachadh sòisealta aca a leasachadh ann an dòigh cho-obrachail
- b) Làthaireachd shòisealta na Gàidhlig anns na h-eileanan a dhìon bho chall àrainn shòiseo-chànanach
- c) Beòthalachd shòisealta na Gàidhlig mar phàirt chudromach de bheatha agus fèin-aithne nan eilean a neartachadh.

Ma tha leasachadh a' mhodail seo de lionraidhean taic thairis air coimhearsnachdan gu bhith soirbheachail, bidh e a' crochadh air luchd-iomairt i ionadail a tha deònach uallach a ghabhail airson planaichean airson a dhol an sàs aig ìre ionadail a dhealbhadh is a chur an gnìomh, agus airson lionraidhean compàirteachail a chruthachadh. Tha e a' dèanamh dheth gum bi cultar de dheamocrasaidh is de chompàirteachas ann, a' gabhail a-steach sealladh dearbhach air atharrachadh tairbheach am broinn na coimhearsnachd. Bidh a' chiad ghreis den ro-innleachd a' gabhail a-steach cheumnan gus soilleireachadh gu bheil feum air toiseach-tòiseachaidh ùr. Airson am modail a stèidheachadh bidh feum cuideachd air taic fhosgailte bho bhuidhnean poblach, gu h-àraid Riaghaltas na h-Alba, Bòrd na Gàidhlig, Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean agus ùghdarrasan ionadail buntainneach, agus gu sònraichte Comhairle nan Eilean Siar.

Tha prìomh fhrèam-obrach a' mhodail choimhearsnachd ùir a tha air a mholadh stèidhte air na ceithir prionnsabalan a leanas: 1) co-obrachadh luchd-compàirt; 2) compàirteachas choimhearsnachdan ionadail; 3) manaidsearachd choimhearsnachdan beaga; agus 4) co-obrachadh nàiseanta. Tha na prionnsabalan seo a' ciallachadh:

1. **Rachadh frèam-obrach a' mhodail a tha air a mholadh a leasachadh ann an co-obrachadh is an compàirteachas ris an luchd-chompàirt buntainneach air fad. Bu chòir am frèam-obrach a tha air a mholadh:**

- A bhith stèidhte air uallach agus taic-maoineachaidh riatanach aiseag do bhuidheann ùr ionadail
- A dhèanamh comasach oidhirpean glèidhidh agus ath-bheòthachaidh na Gàidhlig a thighinn fo smachd-obrachaidh dìreach nan coimhearsnachdan air feadh nan Eilean Siar
- Compàirteachas ùr a chruthachadh eadar buidhnean oifigeil agus coimhearsnachd na Gàidhlig anns na h-eileanan.

2. **Bidh compàirteachas, co-obrachadh agus ùr-ghnàthachas air cùl a' mhodail eagrachaidh ùir a tha air a mholadh, gus fuasglaidhean ionadail ùra a lorg:**

- Thathar an dùil gum bi dòigh-obrach a tha cuimsichte air coimhearsnachdan a' fàgail gum bi luchd-iomairt ionadail an sàs aig a h-uile ìre, airson a dhèanamh comasach compàirteachasan ùra a chruthachadh agus spiorad dearbhach a bhrosnachadh gus a dhol an sàs ri fìor shuidheachadh sòisealta na Gàidhlig.

3. **Bidh na coimhearsnachdan a tha a' gabhail pàirt stèidhte air aonadan cruinn-eòlach iomchaidh:**


- Ri ùine, bu chòir gum bi na sgìrean seo mar phàirt de lìonradh de dh'àitean air feadh nan Eilean Siar agus iad gan ath-neartachadh fhèin ann an gnìomhachasan co-obrachail agus co-chuidheachadh.

4. **Cruthaichidh a' bhuidheann ùr frèam-obrach gnìomha cànan fo stiùir choimhearsnachdan a bhios a' freagairt air cor na Gàidhlig air feadh nan Eilean Siar san latha an-diugh:**

- Bu chòir frèam-obrach gnìomha an Urrais a bhith stèidhte air fàire 20 bliadhna le measadh air adhartas ga thoirt gu buil gach còig bliadhna. Bu chòir ro-innleachd an Urrais a bhith co-cheangailte ri amasan ro-innleachdail a' Phlana Nàiseanta Gàidhlig, ach air a fhreagarrachadh airson an t-suidheachaidh ionadail.

- Ann an co-aonta ri spiorad na neo-eisimileachd ionadail, bidh smachd aig a’ bhuidhinn choimhearsnachd ùir air ionmhas, manaidsèarachd agus riochdachadh.
- Tha am frèam-obrach seo gu bhith air a chur air chois ann an dòigh a tha a’ cur fàilte air modhan-taic ro-innleachdail bho roinn an fhoghlaim anns na h-eileanan agus co-obrachachadh nas fharsainge le lìonraidhean foghlaim air feadh Alba.

Tha sia co-phàirtean aig teis-meadhan frèam-obrach a’ Cho-chomainn Mhion-chànain Cho-obrachail. Tha **Figear 9.1** a’ toirt seachad geàrr-shealladh air na co-phàirtean seo a tha a dhìth gus an t-Urras a stèidheachadh.



Figear 9.1 Co-chomann Mion-chànain Co-obrachail: Ìrean Co-phàirte 1–6

Tha e mar amas cudromach aig a’ mhodail seo comas-gnìomha coitcheann an t-sluaigh chànain dhùthchasaich a neartachadh. Ann an Ìre 1 den *Chiad Cheum de dh'Àth-chuimseachadh Èiginneach* (Figear 9.1), airson gluasad bhon t-suidheachadh poileasaidh làthaireil a dh’ionnsaigh na dòigh-obrach stèidhte air coimhearsnachdan, tha e deatamach sa chiad dol a-mach gun tèid aithneachadh cho dona ’s a tha an staing shòiseo-chànanach agus gu bheil feum air ceumannan subsainteach gus luchd-compàirt buntainneach sa choimhearsnachd agus aig ìre oifigeil a tharraing còmhla ann am pròiseas aontaichte de ghnìomh coimhearsnachd a thaobh Urras na Gàidhlig a chur air bhonn.

Tha Ìre 2 ann am Figear 9.1 a’ comharrachadh taobh deamocratach a’ Cho-chomainn Choimhearsnachd Chànain, air a chur an gnìomh tron *Fhòram Riochdachail*, a bhios ag obair mar sheòrsa de sheanadh Gàidhealach. Bidh am fòram seo stèidhte air ballrachd agus bidh e ag obair mar ghuth riochdachail dhan cho-chomann choimhearsnachd. Bidh e cuideachd a’ cur an sàs uidheamachd gus an ceannardas a tha a dhìth a thaghadh airson stiùireadh a thoirt seachad agus co-obrachadh a bhrosnachadh thairis air na coimhearsnachdan agus na diofar chompàirteachasan aca. ’S e ròl an fhòram a bhith a’ cur àireamh bhuntainneach de luchd-stiùiridh air Urras na Gàidhlig ann an dreuchd (Ìre 3a ann am Figear 9.1) bho thaobh a-staigh buidheann na ballrachd, airson stiùireadh a’ cho-chomainn choimhearsnachd agus àrd-oifigearan gnìomha Urras na Gàidhlig a thaobh riaghlachais agus manaidsèarachd a chur an sàs (Ìre 3b). Bidh luchd-stiùiridh an Urrais cuideachd a’ dèanamh cinnteach gum bi dàimh ro-innleachdail èifeachdach ann eadar buill choimhearsnachd, gnìomhachasan stiùiridh agus obrachail agus buidhnean taiceil eile.

Bidh obair *Rannsachaidh agus Comhairleachaidh* an Urrais (Ìre 4 ann am Figear 9.1) a’ toirt seachad taic rannsachaidh, chomhairleachaidh agus ro-innleachdail. Bidh an taobh seo den obair aige cuideachd a’ toirt seachad comhairle theicnigeach a thaobh planadh is manaidsèarachd coimhearsnachd mion-chànain thairis air dà dhimeinsean de chur-a-steach agus de thoraidhean:

- Planadh ro-innleachdail agus comhairle shòiseo-chànanach a’ toirt buaidh air dealbhadh, stiùireadh agus cur an gnìomh phròiseactan cànan coimhearsnachd
- Sùil a chumail air toraidhean sòiseo-chànanach.

Aon uair ’s gum bi i air a chur an gnìomh gu h-iomlan, thathar an dùil gun toir an dòigh-obrach ùr a thaobh leasachadh coimhearsnachd a-mach grunn *Bhuannachdan sòiseo-eaconamach air in-ionmhas* (Ìre 5, Figear 9.1) agus *Buannachdan sòiseo-chànanach air compàirteachas* (Ìre 6).

Thathar an dùil gum bi na bunnachdan air in-ionmhas a tha seo a' cruthachadh iomairtean ùra stèidhte air a' Ghàidhlig agus cothroman-cosnaidh eile; sgeamachan-taic agus brosnachaidh do theaghlaichean; uidheamachdan taic do phàrantan is do luchd-cùraim airson an cuid cloinne a thogail mar Ghàidheil fhileanta; agus òigridh a' gabhail pàirt ann an diofar ìrean de dh'ath-neartachadh Gàidhlig. Thathar an dùil gum bi an toradh farsaing a' toirt a-mach bhunnachdan de chalpa sòiseo-eaconamach agus cànanach airson ath-bheòthachadh nan coimhearsnachdan ris am bi an t-Urras a' cumail taic.

9.5 Geàrr-chunntas air prìomh shlighean a' mhodail

Tha sgeama coitcheann den mhodail air fad ri fhaicinn ann am **Figear 9.2**.

Tha an sgeama a' comharrachadh mar a tha trì slighean leasachaidh co-phàirteach ag obair còmhla:

- Slighe A: Poileasaidhean Nàiseanta Gàidhlig
- Slighe B: Nasgadh Coimhearsnachd airson co-obrachadh agus compàirteachas
- Slighe C: Ceannardas, Riaghladh agus Togail Comais agus Coileanadh.




Figure 9.2 Sgeama de phrìomh shlighean an sgeama gu lèir

Tha an sgeama a' sealltainn nan trì slighean a tha an lùib modail eagrachaidh ùr airson a dhol an sàs ri coimhearsnachdan anns na pròiseasan ath-bheòthachaidh. Tha am modail shiostaman a tha air a mholadh na thionndadh cuimsichte den fhrèam-obrach poileasaidh-gu-toradh a mhol Grin (2003b: 47). Tha am modail a' gabhail beachd air:

- Laigse nan iomairtean poileasaidh làthaireil (m.e. Plana Nàiseanta na Gàidhlig agus Planaichean Cànain aig buidhnean poblach)
- An staing anns na coimhearsnachdan dùthchasach; agus, air sàillibh na dà thrioblaid seo,
- Cho èiginneach 's a tha e a thaobh ro-innleachd gun tèid poileasaidh Gàidhlig ath-leasachadh taobh a-staigh modail cuimsichte air coimhearsnachdan.

Tha trì slighean am broinn a' mhodail is iad a' crochadh air a chèile.

1. 'S e **Colbh A** slighe ro-innleachdail is institiuideach a' mhodail a tha fo smachd dìreach Riaghaltas na h-Alba agus Bòrd na Gàidhlig. Tha i co-cheangailte ris an taobh catharra-nàiseanta ann am poileasaidh na Gàidhlig, airson a' chuid as motha tro bhith a' cruthachadh phlanaichean cànain ag amas air solarachadh Gàidhlig a chur air adhart ann an roinnean fa leth, iomairtean rianachd agus pròiseactan cànain.
2. 'S e **Colbh B** an t-slighe choimhearsnachd a tha fo mhanaidsearachd is smachd dìreach na h-uidheamachd eagrachaidh ùir a tha air a moladh, Urras na Gàidhlig, a tha ag amas air oidhirpean ath-bheòthachaidh fa leth a chur air adhart airson toirt seachad a' chàin dhan ath ghinealach agus cleachdadh na Gàidhlig sa choimhearsnachd a bhrosnachadh. Tha an t-slighe seo co-cheangailte ris an taobh chatharra-coimhearsnachd ann an leasachadh cànain ionadail tro chompàirteachas ballrachd agus structaran riaghlaidh sònraichte.

Tha Colbh B air a thaisbeanadh mar theis-meadhan a' mhodail leis gu bheil e mar nasgadh coimhearsnachd eadar na taicean nàiseanta ann an Colbh A agus na h-iomairtean togail comais, air an treòrachadh le Buidhnean Gnìomha Gàidhlig ann an co-obrachadh ri luchd-obrach Urras na Gàidhlig, mar a tha air a shealltainn ann an Colbh C.

Tha an eileamaid seo den mhodail a' toirt seachad bonn-stèidh airson a' cho-cheangail ro-innleachdail agus obrachail eadar buidhnean stàite agus a' choimhearsnachd. Tha i cuideachd a' leigeil leis a' choimhearsnachd cumail orra a' toirt buannachd à taobhan buntainneach den status quo a thaobh poileasaidh cànain, fhad 's a tha i aig an aon àm a' fosgladh suas dòigh-obrach ùr gus freagairt air prìomhachasan ionadail. Anns an dòigh seo, tha i a' dèanamh dheth gum bi ath-leasachadh ro-innleachdail leantainneach air poileasaidh cànain gu a bhith a' dol an sàs anns a' choimhearsnachd.

3. Tha **Colbh C** a' comharrachadh taobh stiùiridh a' mhodail. Tha e stèidhte air an taic phroifeiseanta a bheir àrd-oifigearan Urras na Gàidhlig seachad do choimhearsnachdan ionadail airson freagairt air prìomhachasan leasachaidh, a thèid aithneachadh le Buidhnean Gnìomha Gàidhlig air an stèidheachadh le buill is luchd-taic ionadail Urras na Gàidhlig. Tha an t-slighe seo a' ceadachadh:
 - Gun toir iomairtean ionadail agus buill choimhearsnachd buannachd à taicean proifeiseanta luchd-obrach agus structaran riaghlaidh an Urrais
 - Gun tèid aig an fheadhainn a tha a' gabhail pàirt air gnìomhachas ionadail a cho-òrdanachadh ri iomairtean poileasaidh Gàidhlig nàiseanta, gu h-àraid ann an roinn an fhoghlaim
 - Gum faod luchd-compàirt ionadail prìomhachasan leasachaidh a cho-dhùnadh agus clàr-gnìomha poileasaidh is planadh cànain airson na coimhearsnachd ionadail a shocrachadh.

Tha modail a' Cho-chomainn Mhion-chànain Cho-obrachail a' toirt ùghdarras agus uallach air ais do choimhearsnachdan Gàidhlig nan Eileanan Siar airson freagairt air an t-suidheachadh aca fhèin. Tha am modail cuimsichte air prìomh raointean, agus air a thogail air siostam prìomhachaidh ghoireasan. Tha e a' dèanamh cobhair air coimhearsnachd ann a bhith a' freagairt air a' phrìomh dhùbhlàn de ghluasad cànain air falbh bho Ghàidhlig.

Bidh na h-uidheamachdan taic agus an dòigh-obrach cho-obrachail a tha air am moladh, le cùl-taic bho chomhairle ro-innleachdail leantainneach, a' neartachadh sgilean, chomasan, agus misneachd dhaoine fa leth, theaghlaichean agus bhuidhnean airson gnìomhan èifeachdach agus ròlan ceannardais a ghabhail os làimh am broinn nan coimhearsnachdan aca fhèin. Tha na h-uidheamachdan fòram no seanaidh airson luchd-compàirteachais Urras na Gàidhlig ag obair mar ghuth farsaing na coimhearsnachd, agus a' toirt seachad ùghdarras ionadail agus co-choitcheann do luchd-stiùiridh agus àrd-oifigearan an Urrais gus a bhith ag obair às leth nam ball.

9.6 Calpa sòisealta agus comas-seasaimh cànanach na coimhearsnachd a neartachadh

Ma dh'fhaodar coimhead air mion-chànan mar mhath poblach (Grin 2003b), faodar cuideachd coimhead air mar ghoireas a tha an urra ri dòighean-obrach planaidh agus frèaman-obrach leasachaidh. Mar a sgrìobh Björn Jernudd agus Jyotirindra Das Gupta (1971: 187), 'the logic of language planning is dictated by the recognition of language as a societal resource'. Ge-tà tha an spèis a bheil a' choimhearsnachd dhan ghoireas seo a' crochadh air na tha iad a' cur de luach anns a' chànan a-rèir shlatan-tomhais conaltraidh agus sòiseo-chultarach. A thaobh Gàidhlig na h-Alba, tha ìre meadhanach àrd de dh'ìnbhe aig a' chànan mar luach samhlauchail (Achd na Gàidhlig) agus mar thaisbeanadh cultarach (MG Alba agus gnìomhachasan ciùil is cultair), ach ìre meadhanach ìseal de luach conaltraidh, mar a tha ri fhaicinn ann am freagairtean nan deugairean ann an Caibideil 4 agus anns an ìre ìseil de chleachdadh am measg nan ginealaichean as òige.

Am measg nan deugairean a dh'aithris gu robh iad taiceil dhan Ghàidhlig, bha na h-adhbharan bu chumanta co-cheangailte ri feumalachd phractaigeach a thaobh nam buannachdan a tha an lùib a bhith dà-chànanach agus àrdachadh ann an cothroman obrach (earrann 4.7.2, Figear 4.38). Tha na freagairtean seo a' dol nas motha leis an taobh ionnsramaideach agus pearsanta de dh'adhartachadh catharra na Gàidhlig ann an cultar na h-Alba seach a' phàirt a tha aice sa choimhearsnachd.

Ann an Clàr 9.1, tha sinn a' toirt seachad gearr-chunntas a nì coimeas eadar an dòigh-obrach institiuideach aig a bheil làmh an uachdair an-dràsta (Colbh II) agus an dòigh-obrach shòisealta a tha sinne a' moladh (Colbh I) a thaobh poileasaidh is planadh cànan, ged a tha e follaiseach gur e cothlamadh co-phàirteach agus amalaichte den dà dhòigh-obrach a tha a dhìth. Tha sinne a' cumail a-mach gu bheil na dòighean-obrach a tha ann an-dràsta air planadh is poileasaidh cànan Gàidhlig a chur an sàs a' leantainn na slighe 'ceadaichte le institiuidean' a tha air a thaisbeanadh ann an Colbh II ann an Clàr 9.1.

'S e co-dhealbh foirmeilichte a tha an seo a tha fo smachd poileasaidh poblach agus le gnìomhan leasachaidh Ghàidhlig gan cur an sàs airson a' chuid as motha tro bhuidhnean na roinne phoblaich. Ged as e aon dòigh a tha an seo air poileasaidh poblach a thaobh ath-bheòthachadh a' chànan a chur an gnìomh, cha bu chòir coimhead air mar an aon dòigh air an àireamh de dh'fheuman is de raointean airson cleachdadh na Gàidhlig sa choimhearsnachd àrdachadh. Tha sinn a' moladh slighe choileantach, air a bheil sinn a' gabhail 'dòigh-obrach shòisealta', mar a tha air a mhìneachadh gu h-aithghearr ann an Colbh I ann an Clàr 9.1.

Tha an dòigh-obrach seo a' coimhead air leantalachd shòisealta na Gàidhlig mar mhath poblach ann an Alba. Tha an dòigh-obrach seo a' cur iomairtean am measg an t-sluaigh agus comas-gnìomha na coimhearsnachd ionadail aig teis-meadhan a' phròiseis ath-bheòthachaidh agus a' sealltainn gur ann acasan, mar dhaoine fa leth, mar theaghlaichean agus mar shluagh, a tha sealbh air gnìomhan airson cor na Gàidhlig anns na coimhearsnachdan aca a leasachadh.

Slat-tomhais	I. Dòigh-obrach shòisealta	II. Dòigh-obrach ceadaichte le institiuidean
Sealladh air Structar a' Chomainn-shòisealta	Air a ghintinn gu sòisealta is air a chumail suas gu coitcheann: <ul style="list-style-type: none"> Ceannardas lionraichte ionadail a dhìth 	Air a cheadachadh le institiuidean foirmeil: <ul style="list-style-type: none"> An urra ri stiùireadh foirmeil
Cruth compàirteachais	Lìonraidhean Coimhearsnachd bhon Bhonn Suas: <ul style="list-style-type: none"> Organach Leantailachd bhon ghoireas shòisealta làthaireil (le modhan-taic foirmeil airson cur an aghaidh cumhachdan stèidhte an iomallachaidh) 	Lìonraidhean nam Buidhnean Oifigeil bhon Bhàrr Sìos: <ul style="list-style-type: none"> Air an cruthachadh le institiuidean Air a chur an sàs tro mhodhan-taic foirmeil (le cùl-taic calpa sòisealta a' mhòr-chultair)
Sealladh air Feum Cànan	Air a thoirt gu buil tro chonaltradh coimhearsnachd/sòisealta: <ul style="list-style-type: none"> Iomlaid phragmataigeach thairis air raointean sòisealta/institiuideach 	A' crochadh air àrd-mhiann institiuideach: <ul style="list-style-type: none"> Air a chuingealachadh le goireasan foirmeil agus leis an ìre de thaic/ùidh
Cruinn-eòlas	Stèidhte ann an sgìre agus fosgailte do cheanglaichean ri iomairtean ann an sgìrean eile taobh a-muigh àitean tradaiseanta Gàidhlig: <ul style="list-style-type: none"> Ionadail airson an t-sluaigh thùsanaich agus lionraichte aig ìre ionadail, le cothrom luchd-leantainn eile a ghabhail a-steach 	Ioma-dhòigheach/lionraichte agus coma mu àite: <ul style="list-style-type: none"> Air astar is gun cheangal làidir ri lìonraidhean sòisealta Iar-spàsail
Fèin-tuairisgeul / Fèin-aithne	Bho shealladh na buidhne-a-staigh airson a' chuid as motha: <ul style="list-style-type: none"> Sioncronach agus diacronach Coimhearsnachdan agus daoine fa leth 	Luaineach/co-dhàimheil/a-rèir suidheachaidh: <ul style="list-style-type: none"> Sioncronach agus ioma-spàsail Pearsanta, lionraichte ann an àrd-mhiann
Dòigh Dol an Sàs gu Sòisealta	Leagte ri feum compàirteachail coimhearsnachd a' chànan: <ul style="list-style-type: none"> Cuimsichte air pàirt a ghabhail anns a' ghoireas làthaireil agus air a dhìon, agus air neartachadh comas-seasaimh na tha a' cur ri mhairsinneachd choitcheann ann an diofar chruinn-eòlasan cànan Feum cultarach agus conaltraidh 	Leagte ri taisbeanadh: <ul style="list-style-type: none"> Cuimsichte air amasan institiuideach a leudachadh Air a ghabhail suas le cùisean neo-loidhneach Stèidhte air prìomh raointean foirmeil: sgoil, iomairteachd/cur-seachad agus dibhearsain/meadhanan

Clàr 9.1 Iomsgaraidhean ann an amasan poileasaidh eadar na dòighean-obrach sòisealta agus institiuideach

Tha an dà sheòrsa fòcas poileasaidh air a chur an coimeas ri chèile an seo, a' freagairt air an t-suidheachadh làthaireil far a bheil làmh an uachdair aig an dòigh-obrach a tha ceadaichte le institiuidean air cùisean planadh is poileasaidh na Gàidhlig, mar thoradh air mì-chothrom anns na thathar

a' toirt de dh'aire do structaran rianachd foirmeilichte seach iomairtean agus modhan-taic sòisealta.

Feumar an dòigh-obrach làthaireil ath-chothromachadh a dh'ionnsaigh a bhith a' dol an sàs anns a' chomann-shòisealta. Tha an dòigh-obrach ùr a tha air a moladh an seo a' faicinn nan dòighean-obrach 'institiudeach' agus 'sòisealta' mar sheata de shlighean poileasaidh airson comas-seasaimh agus beòthalachd an t-sluaigh-chànain a leasachadh ann an sreath de phrìomh shlatan-tomhais a tha cudromach airson mairsinneachd na Gàidhlig. 'S e prìomh amas na dòigh-obrach shòisealta (Colbh I), mar sin, a bhith a' neartachadh cleachdadh na Gàidhlig ann an sgìrean ionadail agus ann an lionraidhean anns na cruinn-eòlasan mion-chànain, le cuideam sònraichte air prìomh bhuidheann de luchd-labhairt a mhiannaicheadh a bhith a' cur ri toirt seachad, sòisealachadh agus iomlanachd na Gàidhlig ann an diofar raointean sòisealta is foirmeil.

Chan fhaodar coimhead air planadh cànan mar rud a tha ann an raon-obrach buidhnean an Riaghaltais a-mhàin. Tha pàirt chudromach cuideachd aig buidhnean eile agus urracha-mòra cumhachdach, ann an oilthighean agus anns an roinn fhoghlaim san fharsaingeachd, ann am buidhnean cultarach agus anns na meadhanan, ann a bhith a' cruthachadh a' cho-theacsa a thaobh ro-innleachd is poileasaidh, a' gabhail a-steach an adhbhair airson slighean àraidh a bhrosnachadh gus taic a chumail ri ath-bheòthachadh mion-chànain mar Ghàidhlig na h-Alba. Leis cho iomallach 's a tha a' Ghàidhlig gu sòisealta anns na h-eileanan, agus ann an Alba san fharsaingeachd, tha e cudromach gun seachain an deasbad leantainneach mu poileasaidh poblach dòigh-smaoineachaidh roinneil a thaobh a' bhith a' toirt prìomhachas do chuspairean a bhuineas do roinnean institiudeach agus a' leigeil seachad na staingean anns a' chomann-shòisealta. Bhiodh a leithid de roinneileachd a' sìneadh solarachadh planadh is poileasaidh na Gàidhlig seachad air call na Gàidhlig dhùthchasaich bhon chomann-shòisealta. Anns a' cho-theacsa poileasaidh chunnartach seo agus planadh Gàidhlig beò nas fhaide na coimhearsnachd na Gàidhlig fhèin, chan eil rian nach fhaighear luath no mall an t-impire institiudeach a bhith gun stiall aodach sòisealta air.

9.6.1 Fo-chuideachdas agus dì-mheadhanachadh mar phrionnsabal

Tha am modail a tha air a mholadh an seo bonntaichte air prionnsabal an fho-chuideachdais agus an dì-mheadhanachaidh. 'S e a tha sinn a' moladh ach prìomhachas a thoirt do dhòigh-obrach bhon bhonn suas cuide ri modhan-taic bhon bhàrr a-nuas bho phrìomh bhuidhnean na stàite. Bhon t-sealladh seo, 's e an ròl a bhiodh aig Riaghaltas na h-Alba, ann an compàirteachas ri ùghdarrasan poblach buntainneach, a bhith a' cuimseachadh air iomairtean coimhearsnachd a chur an comas le cuideachadh bho mhodhan-taic foirmeil ann an roinnean cudromach, seach na h-ùghdarrasan poblach fhèin a bhith a' gabhail an uallaich rianachd orra fhèin gu bhith a' cur an gnìomh clàr-gnìomha de chruth-atharrachadh ann am poileasaidhean leasachaidh choimhearsnachd dha na Gàidheil. An lùib prionnsabal an fho-chuideachdais seo thathar an dùil gum bi nàdar de cho-phàirteachas eadar dòighean-obrach bhon bhonn suas (ionadail) agus bhon bhàrr a-nuas (ùghdarrasan poblach) ann an compàirteachas anns am bi prìomhachas ga thoirt do ghnìomhan agus toraidhean coimhearsnachd (faic na tha Riaghaltas na h-Alba a' cur de cuideam air a bhith a' brosnachadh pròiseas de dhì-mheadhanachadh ann am Prògram an Riaghaltais 2017–18, agus Achd Cumhachdachadh nan Coimhearsnachdan (Alba) 2015). Airson poileasaidh na Gàidhlig ath-chothromachadh a dh'ionnsaigh an fhòcais seo, 's e ròl nas lugha a bhiodh aig an ùghdarras mheadhanach ann an oidhirpean ath-bheòthachaidh agus cha bhiodh e a' gabhail os làimh ach na dreuchdan sin nach gabhadh coileanadh aig ìre nas ionadaile. Tha an dòigh-obrach seo a' crochadh air a bhith ag aithneachadh gu ceart nan dreuchdan airson a bheil a' choimhearsnachd comasach is deònach uallach a ghabhail. Ann an co-theacsa na staingean a tha a-nis mu choinneimh na Gàidhlig ann an Alba, tha prìomh adhbhar an fho-chuideachdais stèidhte air an fheum a tha ann air poileasaidh agus gnìomhachas a dhì-mheadhanachadh.

'S iad na Gàidheil, a tha mar luchd-glèidhidh a' chànain, a' choimhearsnachd as cudromaiche airson an cànan is an cultar a chumail suas tro na tha aca de dh'èolas is de thuigse air na mion-phuingean is na gnàthsan a tha an lùib a' chànain is a' chultair aca anns a' chomann-shòisealta, agus tron luach a tha iad a' cur annta. Bidh am modh-obrach seo a' cur an comas dàimh nas tairbhiche, nas proifeiseanta agus nas dlùithe air a' choimhearsnachd a thaobh a bhith a' dol an sàs ri suidheachadh sòisealta na Gàidhlig.

9.7 Prìomhachasan agus gnìomhan ro-innleachdail a tha sinn a' moladh

Chan eil sinn a' toirt seachad liosta iomlan de phrìomhachasan is gnìomhan ro-innleachdail mar theamplaid dheiseil airson a' chlàir-ghnìomha seo a tha sinn a' moladh a thaobh ath-leasachadh poileasaidh agus neartachadh choimhearsnachdan. 'S e a tha fa-near dhuinn àireamh de phrìomhachasan is gnìomhan cudromach a mholadh airson àrainneachd thairbheach a chruthachadh anns an tèid bruidhinn is aontachadh air dè an t-slighe air adhart as so-dhèanta agus as iomchaidh, oir tha e deatamach gum bi iadsan air a bheil an t-ath-leasachadh poileasaidh ag amas a' gabhail pàirt ann a bhith a' dealbhadh is a' cruthachadh modail soirbheachail ùr. 'S e prìomh amas an fhrèam-obrach, mar a tha air a shealltainn ann am Figear 9.2, a bhith a' toirt taic is cumhachd do choimhearsnachd Ghàidhlig nan Eilean Siar gu bhith a' togail an cuid cloinne le Gàidhlig fhileanta agus le moit às a' chànain is a' chultar aca, agus gum biodh an cànan mar phàirt chudromach de bheatha an teaghlaich is na coimhearsnachd.

Airson a dhol an sàs gu susbainteach ris an ro-innleachd phlanaidh is leasachaidh chànain, mar a tha air a mholadh ann am Figear 9.2, bidh pàirt chudromach sa chiad dol a-mach aig àireamh de phrìomh bhuidhnean de luchd-compàirt ann a bhith a' cruthachadh deasbad poblach cothromach is adhartach. Nam measg seo tha:

- a) Daoine fa leth aig ìre ionadail aig a bheil buaidh is ròl ceannardais am broinn na coimhearsnachdan aca fhèin
- b) Daoine fa leth aig a bheil uallach airson a bhith a' cur an gnìomh atharrachadh bho thaobh a-staigh nan structaran poileasaidh foirmeil aig Riaghaltas na h-Alba, Bòrd na Gàidhlig agus buidhnean poblach ionadail

- c) Buidhnean rannsachaidh le tuigse is èolas air suidheachadh sòisealta slugh na Gàidhlig.

9.8 Prìomhachasan ro-innleachdail airson dol an sàs

Anns an earrainn seo tha sinn a' mìneachadh nam prìomhachasan ro-innleachdail stèidhte air na ceithir prìomh eileamaidean an lùib an fhrèam-obrach airson dol an sàs a tha ri fhaicinn ann am Figear 9.2: tha Prìomhachas Ro-innleachdail 1 a' cur air dòigh taic agus ceannardas airson Urras na Gàidhlig; tha Prìomhachas Ro-innleachdail 2 a' cur air dòigh taic airson toirt seachad na Gàidhlig do chloinne; tha Prìomhachas Ro-innleachdail 3 a' dèanamh ceangal eadar poileasaidh nàiseanta agus iomairtean coimhearsnachd aig Urras na Gàidhlig; agus mu dheireadh, tha Prìomhachas Ro-innleachdail 4 a' cuimseachadh air buidhnean planadh-cànain airson a bhith a' cumail taic ri Urras na Gàidhlig. Chan eil na Prìomhachasan Ro-innleachdail seo agus na Gnìomhan Prìomhachais a tha nan cois idir a' gabhail gnothaich ris a h-uile cùis, ach tha iad mar bhonn-stèidh dhan ro-innleachd adhartach ùr.

9.8.1 Prìomhachas Ro-innleachdail 1: Àrd-oifigearan an Urrais agus taic proifeiseanta

Airson am modail planaidh a leasachadh, feumar àrd-oifigearan a chur an dreuchd airson amasan Urras na Gàidhlig a chur an gnìomh. 'S e ròl luchd-obrach Urras na Gàidhlig a bhith a' toirt seachad comhairle agus taic do theaghlaichean agus do bhuidhnean coimhearsnachd ann a bhith a' cruthachadh iomairtean agus phròiseactan co-obrachail, a bhios a' toirt a-mach thoraidhean tairbheach airson a' ghinealaich a tha ann an-dràsta, agus ginealaichean ri tighinn de luchd-labhairt na Gàidhlig anns na h-Eileanan Siar.

Co-theacsa

Tha an taobh stiùiridh agus proifeiseanta seo den mhodail ag aithneachadh gum bi comhairle is taic phongail is mhion-eòlach a dhìth air teaghlaichean Gàidhlig airson a dhol an sàs ris a' phròiseas ùr, agus airson 's gun toir na lìonraidhean dùthchasach Gàidhlig a tha air am fàgail buannachd às na h-iomairtean aige.

Bidh uallach aig luchd-obrach is àrd-oifigearan Urras na Gàidhlig airson taic is comhairle a thoirt seachad am measg theaghlaichean is choimhearsnachdan gus dèanamh cinnteach gum bi pròiseasan ath-neartachaidh choimhearsnachd is chànan soirbheachail. 'S e àrd amas a' phrìomhachais ro-innleachdail seo a bhith a' dìon is a' meudachadh beòthalachd dheama-chànanach no dlùths sluagh na Gàidhlig, agus aig an aon àm dùthchas nan Gàidheal a stèidheachadh às ùr. Bidh an t-Urras ag amas sa chiad dol a-mach air an àireamh de luchd-labhairt gnìomhach na Gàidhlig a chumail aig an aon ìre, agus far a bheil sin comasach, a chur am meud a-rèir cho-roinnean so-dhèanta airson nan diofar sgìrean.

Gnìomhan

Gnìomh Prìomhachais 1a: Buidheann-rianachd sgairteil agus ghoireasaichte de dh'àrd-oifigearan is de luchd-obrach a chur air chois airson uallaichean Urras na Gàidhlig a rianachadh gus farsaingeachd sheirbhisean a thoirt seachad do bhallrachd an Urrais:

1. Mothachadh a thogail am broinn choimhearsnachd dhùthchasach na Gàidhlig a thaobh cho cudromach 's a tha an teaghlach is a' choimhearsnachd airson Gàidhlig a thoirt seachad dhan ath ghinealach, agus airson seasmhachd sluagh na Gàidhlig anns an àm ri teachd.
2. Maoin a stèidheachadh airson lìonradh de theaghlaichean Gàidhlig air feadh nan eilean. Bidh a' mhaoin a' toirt seachad cobhair phractaigeach agus comhairle chuimsichte air togail cloinne tro mheadhan na Gàidhlig, agus airson sòisealachadh Gàidhlig am measg na h-òigridh san fharsaingeachd. Faodar an uidheamachd seo a chur an coimeas ri Scéim Labhairt na Gaeilge (Sgeama Taic Theaghlaich na Gàidhlig), a bha ann an gnìomh ann an Gaeltacht na h-Èireann fad nan deichean de bhliadhnaichean.
3. Taic a chumail ann a bhith a' cruthachadh lìonradh de luchd-comhairleachaidh leasachadh choimhearsnachd Gàidhlig. Bidh luchd-obrach Urras na Gàidhlig agus ceannardan ionadail a' co-obrachadh ann a bhith a' faighinn sealbh air na comasan buntainneach is air an eòlas planaidh chànan a tha a dhìth airson atharrachadh sòiseo-chànanach a chur air dòigh, a threòrachadh is a stiùireadh anns na sgìrean aca fhèin. Bidh aig ceannardan ri dàimh a thogail ri gach teaghlach clàraichte no compàirt, aig diofar ìrean de bhith a' gabhail pàirt anns an Urras.

Feumaidh gum bi an t-Urras ag aontachadh is a' sònrachadh gach sgìre do dhiofar luchd-comhairleachaidh.

4. Rannsachadh agus eòlas poileasaidh a thoirt seachad do bhuidhnean ionadail, buidhnean poblach agus buidhnean coimhearsnachd a thaobh a bhith a' leasachadh inbhe, ionnsachadh agus cleachdadh na Gàidhlig am measg a h-uile buidheann-aoise anns a' choimhearsnachd.
5. Comhairle agus taic a thoirt seachad ann a bhith a' faighinn sealbh air goireasan coitcheann airson a chur an comas do bhuill choimhearsnachd a bhith a' dol an sàs ann an gnìomhachasan a bhios a' leasachadh is a' toirt prìomhachais do chleachdadh na Gàidhlig, gu h-àraid ann an raointean sòisealta a bhuineas dhan òigridh.
6. Uidheamachdan teicneòlais agus mheadhanan sòisealta airson inbhe agus cudromachd dualchas is cultar na Gàidhlig àrdachadh is a chur air adhart. Lìonraidhean sòisealta làthaireil a neartachadh, agus lìonraidhean ùra is coimhearsnachdan ùidhe a chruthachadh am measg na buidhne-aoise as òige de luchd-labhairt is luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig.
7. Prògraman cuimsichte de thrèanadh acadaimigeach is proifeiseanta ro-innleachdail ann am poileasaidh cànan agus ann am manaidsearachd leasachadh choimhearsnachd a chruthachadh is a chur an gnìomh.
8. Uidheamachdan a chur air chois airson conaltradh agus barganachadh ri buidhnean coimhearsnachd làthaireil, a bharrachd air an tàladh a-steach gus pàirt a ghabhail ann an oidhirpean ath-bheòthachaidh a thèid a chur air adhart leis an Urras.

Gnìomh Prìomhachais 1b: Bidh Riaghaltas na h-Alba, Bòrd na Gàidhlig agus ùghdarrasan ionadail buntainneach do dh'Urras na Gàidhlig a' gabhail beachd ciamar a ghabhadh culaidhean-brosnachaidh ionmhais toirt a-steach airson taic a chumail ri teaghlaichean Gàidhlig ann a bhith a' togail an ath ghinealaich de luchd-labhairt na Gàidhlig.

9.8.2 Prìomhachas Ro-innleachdail 2: òigridh

Airson uidheamachdan taic theaghlaich Urras na Gàidhlig a chur gu feum gu h-èifeachdach, tha e deatamach gum fàs taobhan buntainneach de shiostam foghlaim nan Eilean Siar comasach air foghlam tro mheadhan na Gàidhlig cho math 's a ghabhas a chruthachadh is a libhrigeadh do luchd-labhairt na Gàidhlig. A thaobh seo, bu chòir dòigh-obrach ro-ghnìomhach is dhearbhadh a ghabhail os làimh gus dèanamh cinnteach gum bi cothrom aig clann anns a h-uile bun-sgoil anns na h-eileanan fileantas ann an Gàidhlig a ruigsinn. A thuilleadh air sin, thèid proifeiseantaich phoileasaidh is fhoghlaim a bhrosnachadh gu beachd a ghabhail air iomairtean am broinn àrainneachd na sgoile, airson 's gum bi sòisealachadh tro mheadhan na Gàidhlig freumhaichte is seasmhach taobh a-muigh suidheachadh foirmeil an t-seòmair-theagaisg. Ma thèid na h-iomairtean taic theaghlaich agus shòisealta a tha air am mìneachadh ann am Prìomhachas Ro-innleachdail 1 a cho-òrdanachadh ris na prìomhachasan buntainneach dhan òigridh, bidh sin buannachdail a thaobh cho èifeachdach 's a bhios am modail uile gu lèir. Tha e soilleir gum bi ath-bheòthachadh na Gàidhlig mar chànan coimhearsnachd a' fàgail gum bi solarachadh foghlaim diofarail a dhìth airson Ghàidheal òga far an urrainn dhaibh Gàidhlig a bhruidhinn còmhla. 'S e amas coitcheann nan gnìomhan seo a bhith a' dìon is a' cur air adhart nan spàsan is nan co-theacsaichean far a bheil prìomhachas ga thoirt do chleachdadh aon-chànanach na Gàidhlig a tha ann an cunnart, mar a tha air a mhìneachadh ann an earrann 1.3 a thaobh daidhneamaigean togail dà chànan agus mì-bhuannachd a' mhion-chànain.

Co-theacsa

Bha ceumannan cudromach air adhart ann an cuid de thaobhan de dh'fhoghlam tro mheadhan na Gàidhlig air feadh nan Eilean Siar anns na beagan bhliadhnaichean a dh'fhalbh. Bidh aig Urras na Gàidhlig ri taic a thoirt do dh'aireamh a bhios a' dol am meud de theaghlaichean Gàidhlig, sòisealachadh na h-òigridh ann an Gàidhlig a bhrosnachadh, comas Gàidhlig am measg an luchd-labhairt àrdachadh, agus gu h-àraid taic a chur am meud do na buidhnean-aoise as òige, a tha fàbharach is taiceil, ach gun an comas Gàidhlig aca a tha a dhìth airson an cuid cloinne a thogail mar luchd-labhairt Gàidhlig.

Bidh aig solarachadh foghlaim tràth-bhliadhnaichean ri diofar a dhèanamh eadar dà bhuidheann dheama-chànanach agus taic a chumail ris na dhà dhiubh: pàistean òga aig a bheil Gàidhlig, agus pàistean aig nach eil ach Beurla airson a' chuid as motha. Airson an t-ath-sgrùdadh seo a chur air adhart, is math a b' fhiach coimhead air poileasaidh foghlaim ann an dùthchannan eile far a bheil mion-chànan, mar eisimpleir Èirinn (agus coimhead air Poileasaidh Riaghaltas na h-Èireann air Foghlam Gaeltacht 2017–2022). 'S e pàirt mhòr de dh'ath-nuadhachadh sòisealta, cultarach agus cànanach anns na h-eileanan a tha ann a bhith a' cruthachadh modail foghlaim a bhios ag amas air na h-ìrean as àirde de dh'fhileantas agus comas-leughaidh is sgrìobhaidh na Gàidhlig a ruigsinn am measg clann sgoile air feadh nan Eilean Siar.

Gnìomhan

Gnìomh Prìomhachais 2a: Bidh Comhairle nan Eilean Siar, còmhla ri compàirtichean buntainneach a thaobh cùram-cloinne agus foghlam, a' cur dòigh-obrach nas ro-innleachdaile an comas tro bhith a' cruthachadh Plana Leasachaidh Luchd-obrach Tràth-bhliadhnaichean Gàidhlig, a tha a' gabhail beachd air trèanadh iomchaidh ann am modhan-obrach foghlam bogaidh, agus a' cur luach mòr ann an sgìlean is eòlas an luchd-obrach. Bidh solarachadh ag amas air is a' cumail taic ris an dà phrìomh bhuidhinn dheama-chànanaich anns na feumalachdan togail-cànain aca.

Gnìomh Prìomhachais 2b: Aig ìre foghlam na bunsgoile agus na h-àrd-sgoile, nì Comhairle nan Eilean Siar ath-mheasadh a thaobh ciamar a dh'fhaodadh poileasaidhean teagaisg agus cleachdaidhean sgoile dèanamh na b' fheàrr ann a bhith a' toirt piseach air coileanadh foghlaim airson Gàidhlig a neartachadh.

Gnìomh Prìomhachais 2c: Nithear ceangal eadar na siostaman taic ionnsachaidh do chloinn agus do phàrantan taobh a-muigh clàr-teagaisg foirmeil na sgoile agus na h-iomairtean a ghabhar os làimh mar phàirt de Phrìomhachas Ro-innleachdail 1.

Bidh a leithid de dh'iomairtean is de dh'oidhirpean taobh a-muigh na sgoile a' toirt buannachd à stuthan a thèid a chruthachadh is a thoirt seachad le buidhnean poblach a tha ann an-dràsta, mar Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig (foillsichear foghlam Gàidhlig).

Gnìomh Prìomhachais 2d: Bidh an t-Urras a' brosnachadh is a' cumail taic ri pàrantachadh is cùram-cloinne ro-ghnìomhach Gàidhlig, mar eisimpleir cleachdadh cànan leudaichte le cloinn, leughadh Gàidhlig gu ro-ghnìomhach, agus iomairtean a thaobh comasan leughaidh is sgrìobhaidh na cloinne. Tha fianais ann gu bheil a leithid de chleachdadh cànan leudaichte is iomairtean comas leughaidh a' toirt seachad buannachd ann an togail (mion)c(h)ànain.

Gnìomh Prìomhachais 2e: Cuiridh an t-Urras air dòigh buidhnean òigridh tro mheadhan na Gàidhlig agus gnìomhachasan airson sòisealachadh Gàidhlig a leasachadh is a bhrosnachadh.

9.8.3 Prìomhachas Ro-innleachdail 3: co-theacsa nàiseanta

Tha an riaghaltas a' cur dleastanas air buidhnean poblach na h-Alba poileasaidh làthaireil na Gàidhlig a chur an gnìomh agus a' toirt ghoireasan dhaibh airson sin a choileanadh. Airson am frèam-obrach poileasaidh làthaireil atharrachadh gus a dhol an sàs ris na dùbhlain a tha air an toirt am follais às ùr an seo, mar sin, feumaidh gum bi toil phoilitigeach agus institiuideach ann airson poileasaidhean is ro-innleachdan a dhealbhadh is a chur an gnìomh airson dèiligeadh ri cùisean air an do rinneadh dearmad is a chaidh a sheachnadh anns an dòigh-obrach làthaireil.

Co-theacsa

Tha an fhianais a' sealltainn nach eil coimhearsnachd na Gàidhlig seasmhach anns an t-suidheachadh agus leis an t-solarachadh poileasaidh a tha ann an-dràsta. Chan eil modhan-taic nàiseanta làthaireil a' dol an sàs gu leòr ris an staing shòisealta is shòiseo-chànanaich a tha mu choinneimh coimhearsnachd dhùthchasach na Gàidhlig. 'S e amas a' phrìomhachais ro-innleachdail seo a bhith a' cur staing dhùthchasach na Gàidhlig aig teis-meadhan poileasaidh is planadh nàiseanta.

Gnìomhan

Gnìomh Prìomhachais 3a: Bheir Riaghaltas na h-Alba agus a bhuidhnean aithneachadh dhan staing a tha mu choinneimh choimhearsnachdan dùthchasach na Gàidhlig agus nochdaidh iad toil làidir airson a dhol an sàs gu ro-ghnìomhach ris na dùbhlain a tha na lùib.

Gnìomh Prìomhachais 3b: Coimiseanaichidh Riaghaltas na h-Alba ath-sgrùdadh air Achd na Gàidhlig (Alba) 2005, airson measadh a dhèanamh a bheil an t-Achd, mar a' phrìomh uidheamachd reachdail airson leasachadh na Gàidhlig, a' gabhail a-steach na farsaingeachd cheart de dh'ionnsramaidean is de 'chòraichean' a tha comasach freagairt air na dùbhlain a tha an lùib a bhith a' glèidheadh is ag ath-bheòthachadh na Gàidhlig taobh a-staigh a h-uile raon coimhearsnachd, spàsail is lìonraichte fa leth far a bheil a' Ghàidhlig an làthair.

Gnìomh Prìomhachais 3c: Coimiseanaichidh Riaghaltas na h-Alba, tro bhuidhnean buntainneach, eacarsaich sgòpaidh airson neart nan ceanglaichean calpa sòisealta an lùib modhan-taic leasachadh na Gàidhlig a mheasadh. Mar eisimpleir, airson measadh a dhèanamh air mar a tha iomairtean Bòrd na Gàidhlig, prìomh ionnsramaid a' phoileasaidh oifigeil (a thàinig a-mach à Achd na Gàidhlig 2005), a' toirt buaidh is a' brosnachadh ath-bheòthachadh na Gàidhlig am measg an t-sluaigh dhùthchasaich. Bheir an rannsachadh sgòpaidh seo seachad tuigse air na h-ìrean chun a bheil lìonraidhean coimhearsnachd làthaireil agus teachdail a' dol an sàs ri uidheamachdan taic foirmeil, agus neart nan dàimhean tairbheach eatorra.

Gnìomh Prìomhachais 3d: Cruthaichidh Bòrd na Gàidhlig cuide ri compàirtichean coimhearsnachd frèam-obrach sgrùdaidh is measaidh èifeachdach airson tomhas a dhèanamh air a' bhuidhnean a tha aig planaichean Gàidhlig bhuidhnean poblach air beòthalachd is cleachdadh a' chànain thairis air na diofar choimhearsnachdan Gàidhlig a tha aithnichte anns a' Phlana Cànan Nàiseanta Gàidhlig 2018–2023.

Gnìomh Prìomhachais 3e: Cuiridh Riaghaltas na h-Alba air chois comataidh chumhachdach airson freagairt air a' cheum èiginneach làthaireil ann a bhith a' tòiseachadh ri poileasaidh cànan ath-leasachadh agus a bhith a' cumail taic ri stèidheachadh is leasachadh Urras na Gàidhlig.

Gnìomh Prìomhachais 3f: Brosnaichidh Riaghaltas na h-Alba a h-uile buidheann riaghaltais bhuntainneach gu taic a chumail ris a' mhodail ùr, gu h-àraid na buidhnean sin a tha nas cofhurtaile leis an t-suidheachadh a tha ann an-dràsta far a bheil làmh an uachdair aig a' Bheurla ann an solarachadh poileasaidh làthaireil.

Gnìomh Prìomhachais 3g: Cuiridh Riaghaltas na h-Alba air dòigh maoin èiginn agus buidseat airson a' chiad ghreis de bhith a' stèidheachadh Urras na Gàidhlig agus na poileasaidhean ùra a mhaoineachadh.

Gnìomh Prìomhachais 3h: Cuiridh Riaghaltas na h-Alba cuide ri Urras na Gàidhlig buidheann-ghnìomha air chois airson nam paramadairean maoineachaidh a shocrachadh airson gnìomhachas leantainneach an Urrais. Gabhar beachd air seo bho dhà shealladh: a) stèidheachadh shruthan maoineachaidh ùra, agus b) cuid den mhaoineachadh làthaireil a thoirt à buidseatan poileasaidh cànan eile.

9.8.4 Prìomhachas Ro-innleachdail 4: poileasaidh nàiseanta an lùib nan eilean

Cuiridh Riaghaltas na h-Alba agus Bòrd na Gàidhlig air bhonn fòram obrach airson uidheamachdan co-chomhairleachaidh a shocrachadh, a leudaicheas is a dh'aontaicheas modail ùr airson a dhol an sàs ri firinn an t-suidheachaidh a tha mu choinneimh coimhearsnachd dhùthchasach na Gàidhlig.

Co-theacsa

Tha am modail a tha sinn a' moladh stèidhte air ath-chothromachadh planadh cànan na Gàidhlig a dh'ionnsaigh frèam-obrach planaidh choimhearsnachd. Ann am Prìomhachas Ro-innleachdail 4, aithnichear na diofar dhàimhean eadar coimhearsnachdan nan eilean agus tha comas-gnìomha ionadail air a chur aig teis-meadhan structaran riaghlaidh agus leasachaidh chànain. A thuilleadh air sin, tha e a' suidheachadh na dòigh-obrach am broinn ro-innleachdan leasachaidh sòiseo-chultarach is sòiseo-eaconamach nas fharsainge.

Gnìomhan

Gnìomh Prìomhachais 4a: Bidh Riaghaltas na h-Alba, ann an co-bhann ri Bòrd na Gàidhlig, a' cumail taic is goireasan ri bhith a' cur an gnìomh a' mhodail eadraiginn. Airson a' phrìomhachais seo bidh dì-mheadhanachadh cur an gnìomh poileasaidh agus smachd gu sluagh na Gàidhlig a dhith.

Thèid seo a chur an gnìomh tro uidheamachd phractaigeach airson goireasan a bhuileachadh air Urras na Gàidhlig.

Gnìomh Prìomhachais 4b: Comataidh no buidheann stèidheachaidh a chruthachadh airson Urras na Gàidhlig a chur air bhonn.

Gnìomh Prìomhachais 4c: Structaran maoineachaidh freagarrach a sholarachadh is a chur an sàs airson Urras na Gàidhlig agus na gnìomhachasan aca. Bidh structaran maoineachaidh a' gabhail a-steach ceanglaichean le taic ionmhais is eile bho thaobh a-muigh nan eilean, mar eisimpleir carthannas bho shliochd nan Albannach thall thairis.

Gnìomh Prìomhachais 4d: Uidheamachdan riochdachaidh is compàirteachaidh chumhachd a stèidheachadh ann an Urras na Gàidhlig.

Gnìomh Prìomhachais 4e: Uidheamachdan a chruthachadh gus ceannardas ionadail a chumhachdachadh agus togail comais coimhearsnachd a bhrosnachadh còmhla ri Urras na Gàidhlig.

Gnìomh Prìomhachais 4f: Feallsanachd de dh'ion-ghabhalachd a chur an sàs gus na diofar bhuidhnean anns a' choimhearsnachd a ghabhail a-steach a tha nas cofhurtaile leis an t-suidheachadh làthaireil far a bheil làmh an uachdair aig a' Bheurla.

Gnìomh Prìomhachais 4g: Bunaitean a thogail airson ath-nuadhachadh sòiseo-eaconamach mun cuairt air a' Ghàidhlig agus goireasan ionadail eile ann an co-obrachadh ri Urras na Gàidhlig.

Gnìomh Prìomhachais 4h: Co-chomainn choimhearsnachd agus buidhnean ionadail eile a bhrosnachadh is a thàladh gu bhith nan ionadan leasachaidh Gàidhlig.

9.9 Beachdan anns an dealachadh

Thug an rannsachadh seo a-mach toraidhean dùbhlanaich mu shuidheachadh sòiseo-chànanach nan coimhearsnachdan dùthchasach Gàidhlig mu dheireadh ann an Alba, airson a' chuid as motha anns na h-Eileanan Siar. Air sàillibh cho farsaing 's a tha an fhianais anns an fhoillseachadh seo a thaobh cho fìor chugallach 's a tha a' Ghàidhlig dhùthchasach, faodaidh sinn co-dhùnadh nach mair na lionraidhean dùthchasach a tha air am fàgail ann an àite sam bith gu ìre shusbainteach, leis mar a tha cùisean an-dràsta, seachad air na deich bliadhna a tha romhainn.

Tha an t-slighe chrìonaidh seo a' fàgail gun tèid a' Ghàidhlig a-mach à bith a dh'aithghearr mar chànan coimhearsnachd ann an ceàrnaidh sam bith de dh'Alba. An lùib an dùbhlain mhòir seo, tha e follaiseach nach e roghainn chreideasach a tha ann a bhith a' cumail greim air an t-suidheachadh làthaireil a thaobh planadh is poileasaidh cànan. Gu deimhinne, chan eil ciall sam bith ann a bhith a' cumail a' dol an urra ri àrd-mhiannan neo-shoilleir mì-thuigseach air a bheil mòran de fhrèam-obrach làthaireil poileasaidh na Gàidhlig stèidhte. Tha an sgrùdadh anns an leabhar seo air dòighean-obrach planadh is poileasaidh cànan airson sluagh na Gàidhlig air a bhith breithneachail, mar a bha iomadh duine a ghabh pàirt anns na co-chomhairleachaidhean coimhearsnachd, a chionn 's nach eil ceangal fìor, susbainteach eadar na poileasaidhean seo agus an ìre àrd de chunnart anns a bheil an sluagh dùthchasach. Gu dearbh, tha e inntinneach mar a bha an dà chuid an dòigh-labhairt is na cuspairean anns na chuir buill choimhearsnachd ris na co-chomhairleachaidhean poblach air cor sòisealta na Gàidhlig anns na h-eileanan a' dol airson a' chuid as motha calg-dhìreach an aghaidh tòrr mòr den sgeulachd oifigeil nàiseanta a thaobh ath-bheòthachadh, ath-bhreith agus beòthalachd na Gàidhlig. Anns na bha aig buill an sgioba IGRP de chonaltradh is de chòmhradh ri iomadach bhall de choimhearsnachdan nan eilean, cha chualas luaidh dhìreach no bruidhinn sam bith, airson adhbharan follaiseach, air 'ath-bheòthachadh Gàidhlig'.

Tha an ìre chun a bheil beachd farsaing ann gu bheil poileasaidhean is diosgursaichean làthaireil fad air falbh bho dhraghan an t-sluaigh dhùthchasaich a' toirt seachad deagh phuig-toiseachaidh airson dòigh-obrach ùr.

Mar thoradh air fianais cho soilleir, tha roghainnean fìor chudromach mu choinneimh dhaoine fa leth, choimhearsnachdan is bhuidhnean a thaobh dè an cùrsa-gnìomha a ghabhas iad os làimh. Ged-thà, airson freagairt air draghan cudromach buidheann mhion-chànain a tha ann an cunnart mòr, bhiodh e riatanach sa chiad dol a-mach gluasad seachad air an ùine àrd-amasaich is shamhlachail ann am poileasaidh Gàidhlig, mar a tha air a mhìneachadh an seo. Gu dearbh, faodaidh e bhith gur e gabhail os làimh dòigh-obrach ùr an aon dòigh air earbsa phoblach ann am poileasaidh mion-chànain ann an Alba a thogail agus creideas a thoirt do dh'oidhirpean coitcheann gus taic a chumail ri sluagh na Gàidhlig. Feumar aithneachadh, ged-thà, gu bheil dùbhlain anabarrach mòr mu choinneimh an t-sluaigh Gàidhlig a tha air fhàgail anns na h-oidhirpean aca gus an crìonadh a thionndadh mun cuairt, fiù 's ma gheibh iad cuideachadh bho mhodhan-taic poileasaidh a tha buntainneach is innsgineach agus goireasan co-cheangailte.

Eu-coltach ris an dòigh-obrach mhì-èifeachdaich a tha ann an gnìomh an-dràsta, 's e an dòchas as urrainn dhuinn a thoirt às an leabhar seo gu bheil e a' toirt seachad breithneachadh-lèigh stèidhte air fianais air na trioblaidean agus a' mìneachadh dòigh-obrach ro-innleachdail airson feuchainn ris an t-suidheachadh a leasachadh bho shealladh nach eil a' diùltadh na fìrinn. Ann a bhith a' moladh dòigh-obrach ùr, 's e a tha fa-near dhan leabhar seo aire a tharraing air staing na Gàidhlig agus air a bhith a' dèiligeadh ri màthair-adhbharan crìonadh na Gàidhlig mar chànan coimhearsnachd. Bidh dà bhuaidh aig oidhirpean onarach gus freagairt air an staing seo: bidh iad a' brosnachadh coimhearsnachd na Gàidhlig gus am bi buidhnean poblach a' toirt spèis dha na draghan aca, air an dàrna làimh, agus bidh iad a' cur ri innsgineachd agus fireantachd nam buidhnean poblach a thèid an sàs anns an obair seo, air an làimh eile. Faodaidh fìor chiallachadh sòisealta a bhith an lùib agairtean oifigeil a thaobh na tha ann de luach ann a bhith a' dìon iomadachd is eug-samhlachd chultarach ma bhios iomairtean dearbhach is cuideachail air an cùl.

Ma ghabhar iomairtean os làimh ann an àm airson leasachadh a dhèanamh air staing dhùthchasach na Gàidhlig, mar phrìomh amas poileasaidh na Gàidhlig, bidh sin a' sealltainn gu bheil poileasaidh mion-chànain ann an Alba comasach air atharrachadh a-rèir fianais ùr agus air a dhol an sàs gu h-innsgeach ri trioblaidean cudromach. Tha e doirbh freagairt air staing, ach tha e a' toirt seachad seans nas fheàrr a bhith a' toirt dòchas do dhaoine na a chaochladh. Tha an staing shòiseo-chànanach air a bheil tuairisgeul anns an leabhar seo a' riochdachadh cho cugallach 's a tha tòrr de mhion-chànanan an t-saoghail. Eu-coltach ri suidheachadh na Gàidhlig, cha toirear aithneachadh oifigeil no taic phoblach sam bith dhan mhòr-chuid de shluaghan mion-chànain. Ann an co-theacsa a' chunnairt shòiseo-chultaraich uile-làthaireil anns a bheil gu leòr de dh'eug-samhlachd eitnea-chànanach an t-saoghail, tha dleastanas cùraim ionadail air buidhnean poblach na h-Alba a bhith a' dol an sàs gu h-onarach ris na gealltanasan aca a thaobh mion-chànain, ach tha dleastanas cruinneil ann cuideachd a bhith a' sealltainn gu bheil iad comasach air ceannardas a thoirt seachad, anns a' cho-theacsa ionadail aca fhèin, air a' chuspair chudromach chruinneil is ionadail seo.

Thug an rannsachadh seo seachad sealladh stèidhte air fianais air suidheachadh sòiseo-chànanach làthaireil sluagh na Gàidhlig, a bharrachd air molaidhean dearbhach, agus ma dh'fhaodte adhartach, airson a dhol an sàs ris an dùbhlán.

Faodar an fhreagairt a tha air a moladh a thuigsinn anns an t-sreath dhearbhadh agus reusanta de thachartasan a leanas: a) aideachadh leis a' choimhearsnachd agus le buidhnean poblach gu bheil an suidheachadh èiginneach; b) aideachadh am measg bhuidhnean poblach gu bheil poileasaidhean a tha ann an gnìomh an-dràsta airson sluagh dùthchasach na Gàidhlig mì-fhreagarrach; c) aithneachadh gu bheil dòighean-obrach eadar-dhealaichte a dhìth ma thathar airson call iomlan na Gàidhlig dhùthchasaich a sheachnadh; d) fios a leigeil bho gach taobh gu bheilear deònach beòthalachd shòisealta an t-sluaigh Ghàidhlig a neartachadh; agus e) car a chur ann an oidhirpean poileasaidh agus planadh cànan (air falbh bho sholarachadh institiuideach foirmeil agus samhlaichail) cho luath 's a ghabhas airson cumhachd, solarachadh maoineachaidh agus goireasan ro-innleachdail ath-chothromachadh airson math bhuidhnean freumhaichte anns a' choimhearsnachd agus lionraidhean Gàidhlig teaghlaich agus sòisealta, aig a bheil comas agus miann pròiseas atharrachaidh a tha ag amas air ath-bheòthachadh cànan anns a' chomann-shòisealta a thoirt gu buil.